

A chlann Bheaga' s na Ròin

Ròin dhubha 's ghlasa ,mach 'sa staigh mun tràigh
Mu na sgeirean beaga a ,plubadaich's a snàmh
Greiseag bheag ag iasgach,greiseag bheag am bàrr
Hì hò hudaileam, Tudaileam ta-rà

Hì hò hudaileam,tudaileam ta-rà
Chunnaic mise rudeiganis cudaig aig an dràsd
Dùin do bheul,a luidealaich,feuch am faigh e dhà
Ma tha an t-isean cuide ris,feumaidh iad an tràth

Faic am fear beag ciar ud thall an oir an lain,
Nach e tha math air iasgach ,uill a chiall nach e
Seall e ruith nan sìolagan aig ceann shìos a bhàigh
Hi hò hudaileam,tudaileam ta-rà

Plub plub glugaman chì mi –fhèin a dhà
Uisd tha còrr is ceud ann nan tigeadh iad am bàrr
Seall am fear beag liath ud,nach eil e math air snàmh,
Beiridh mi air fheusaig,tudaileam ta-rà.

